

Chì mi na mòr-bheanna

Sèist

O, chì, chì mi na mòr-bheanna

O chì, chì mi na còrr-bheanna

O chì, chì mi na coireachan

Chì mi na sgoran fo cheò

Rann 1

Chì mi gun dàil an t-àite san d' rugadh mi

Cuirear orm fàilt' sa chànain a thuigeas mi

Gheibh mi ann aoigh agus gràdh nuair ruigeam

Nach reicinn air tunnachan òir

Nach reicinn air tunnachan òir

Sèist

Rann 2

Chì mi ann coilltean chì mi ann doireachan

Chì mi ann màghan bàna as torraiche

Chì mi na fèidh air làr nan coireachan

Falaicht' an trusgan de cheò

Sèist

Rann 3

Beanntaichean àrda is àillidh leacainnean

Sluagh ann an còmhnaidh is còire cleachdainnean

'S aotram mo cheum a'leum gam faicinn

Is fanaidh mi tacan le deòin

Sèist

Rann 4

Fàilt'air na gorm-mhealladh tholamach thulachnach

Fàilt'air na còrr-bheanna mòra mullanach

Fàilt'air na coilltean fàilt'air na h-uile

O 's sona bhith fuireach nan còir.

Sèist